

CRIDHE DORCH AN T-SAMHRAIDH

Le Alan Gibbons



Coimhead air aghaidh an leabhair

- Saoil dè an seòrsa stòiridh a th' ann?
- Smaoinich air diofar *bhuadhairean* a dh' fhaodadh innse mu dheidhinn...



Leugh an stòiridh a-nis...

- Suas gu duilleag 26 (gu deireadh caibideil 6)

Còmhla, mar chlas... no leat fhèin.



An dèidh dhut sin a leughadh...

- Feuch an sgrìobh thu fhèin deireadh dhan an stòiridh, mar a tha **thusa** a' smaoinichadh a chrìochnaicheas i. Tha e an urra riut fhèin!





A-nis, leugh an còrr den stòiridh.

- An robh e coltach ris an deireadh a sgrìobh sibh fhèin?
- Dè ur beachd air an **deireadh**?
- An do nochd **characteran** ùra?
- Dè ur beachd air an stòiridh air fad?
- Dè ur beachd air **cuspair** na sgeulachd?



Cartùn!

1. Tagh an ‘sealladh’ a b’ fheàrr leat san stòiridh.
2. Ath-sgrìobh e ann an dreach cartùn, le sreath dhealbhan.
3. Cuir pìosan còmhraidh anns a’ chartùn agad cuideachd.



Lèirmheas

- Feuch a-nis an sgrìobh thu **lèirmheas** den stòiridh.
- Sgrìobh geàrr-chunntas de na thachair.
- Inns mu na puingeann a b' fheàrr leat,
- Beachdaich air plota, caractaran, mar a thòisich agus mar a chrìochnaich e, buadhairean, m.s.a.a... **Cleachd aithrisean!**
- Bu chòir dhut co-dhiù duilleag a sgrìobhadh.



Cothrom cluich!

- Taghaidh an tidsear duilleag shònraichte. me td 42 agus 43.
- Sgrìobh anns an jotair agad faclan sam bith nach eil thu a' tuigsinn no a tha inntinneach air na duilleagan seo.
- Mar chlas, feuch an cluich sibh *hangman* air a' bhòrd-gheal leis na faclan seo.
- Cuiridh an tidsear ceistean oirbh mu na faclan seo às dèidh làimh.

